

Comhairle mu Fhoghlam Gàidhlig

Ro-ràdh

Ro-ràdh

1.1 Tha a' Chomhairle seo a' toirt seachad fiosrachadh cudromach mun cho-theacsa nàiseanta, agus a' toirt mion-chunntas air a' mhodh-cleachdaidh as fheàrr gus taic a thoirt do luchd-obrach is ùghdarrasan ionadail ann a bhith a' measadh agus a' planadh airson leasachadh ann am Foghlam Gàidhlig.

1.2 Tha a' Chomhairle seo stèidhichte air fianais bho sgrùdaidhean, lèirmheasan agus fèin-mheasadh dearbhte, a' dèiligeadh ris a h-uile earrann de dh'Fhoghlam Gàidhlig; agus obair eile le measgachadh de luchd-ùidh thar an ama 2012-14. Cleachdaidh Foghlam Alba a' Chomhairle ann an sgrùdaidhean; gus taic a thoirt do chonaltradh is ionnsachadh proifeiseanta an uair a thathar a' dèiligeadh ri proifeiseantaich; agus mar chlàr-ghnìomh an uair a thathar a' conaltradh ri com-pàirtichean.

1.3 Tha Foghlam Alba dealasach a thaobh a bhith ag obair ann an com-pàirteachas le luchd-ùidh gus solair de dh'àrd-chàileachd fhaighinn airson Foghlam Gàidhlig. Is e na prìomh raointean air an tèid fòcas a chur: am feum a th' ann air a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil tidsearan ann leis na teisteanasan iomchaidh, agus air stòrasan gus taic a thoirt do dh'ionnsachadh is do theagasg. Leanar air adhart ag ùrachadh 's a' cur ris a' Chomhairle thar ùine. Leanaidh Foghlam Alba air adhart a' cur fiosrachadh mun Ghàidhlig ri Parentzone gus am bi fios aig pàrantan dè bu chòir dhaibh a bhith a' sùileachadh bho Foghlam Gàidhlig.

1.4 Tha am Plana Gàidhlig aig Foghlam Alba, *A' cruthachadh àm ri teachd àrd-amasach airson Foghlam Gàidhlig*, a' mìneachadh gu bheil trì pàirtean eadar-cheangailte ann am Foghlam Gàidhlig. Is iad sin:

- Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (GME);
- Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (GLE); agus
- Ag Ionnsachadh mu Chànan is mu Chultar na Gàidhlig (LAGC) mar phàirt de dhearbhadh-aithne na h-Alba.

